N5

Teisteanais
Nàiseanta
2025

X871/75/11 Cruinn-eòlas

DIMÀIRT, 29 GIBLEAN
1:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharran

Feuch **AN DARA CUID** ceist 1 **NO** ceist 2

AN UAIR SIN feuch ceistean 3 gu 7.

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharran

Feuch na ceistean UILE.

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharran

Feuch a **DHÀ** sam bith de na leanas.

Ceist 12 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 13 — Raointean nàdarra

Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail

Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas

Ceist 16 — Turasachd

Ceist 17 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharran

Feuch AN DARA CUID Ceist 1 NO Ceist 2

AN UAIR SIN Ceistean 3 gu 7

Ceist 1 — Dealbhan-tìre eighichte/dealbhan-tìre costail

(a) Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

Thoir seachad fianais mapa a tha a' sealltainn gu bheil pàirt den sgìre a tha a' nochdadh air a' mhap seo na dhealbh-tìre costail.

Bu chòir gu bheil an fhreagairt agad a' gabhail a-steach comharran-clèithe. **4**

Diagram C1 Teanga-gainmhich



(b) Thoir sùil air Diagram C1.

Mìnich mar a chaidh teanga-gainmhich a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh airson taic a thoirt don fhreagairt agad. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt

Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/dealbhan-tìre àrd-thalamh clach-aoil

(a) Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

A' cleachdadh chomharran-clèithe, **mìnich** feartan fiosaigeach na h-Aibhne Ogmore **agus** a' ghlinne aice eadar 903794 and 855757. **4**

Diagram C2 Eas



(b) Thoir sùil air Diagram C2.

Mìnich mar a chaidh eas a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh airson taic a thoirt don fhreagairt agad. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 3

Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

Tomhais na **trì** astaran (A, B agus C) eadar na h-àitichean air an sealltainn sa chlàr.

Maids na freagairtean agad airson A, B agus C leis na h-astaran a gheibhear gu h-ìosal.

A	Bhon tèarmann nàdair 8676 don tuathanas Highfield 9376
B	Bhon chaisteal 9281 chun an raoin-goilf 9480
C	Bhon tuathanas-grèine 8183 don tuirbin-gaoithe 8479

Tagh bho na h-astaran a leanas: **2.25 km** **5 km** **4 km** **7.75 km** **3**

Ceist 4

Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.


A' cleachdadh fianais mapa, **mìnich** carson a tha luchd-tadhail air an tarraing don sgìre a tha air a shealltainn air a' mhap.

Faodaidh tu iomradh a thoirt air tàlaidhean fiosaigeach agus daonna san fhreagairt agad. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 5

Diagram C5 Tomadan-èadhair a' toirt buaidh air an Rìoghachd Aonaichte



Dèan sgrùdadh air Diagram C5.

Thoir cunntas air mar a bhiodh ùine mhòr le tomad-èadhair **pòlarach mòr-roinneil** sa gheamhradh a' toirt buaidh air daoine san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 6

Diagram C6A Cairt sionoptaig airson 12 meadhan-latha air 20mh An Dàmhair 2022




Diagram C6B Samhlan stèisein-sìde airson Swansea agus Carlisle




Dèan sgrùdadh air Diagraman C6A agus C6B.

Thoir seachad adhbharan airson nan diofaran ann an suidheachadh na sìde eadar Swansea agus Carlisle. **4**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 7

Diagram C7 Cleachdaidhean-fearainn a dh'fhaodadh còmhstri adhbharachadh



Thoir sùil air Diagram C7.

Tagh **aon** seòrsa de dhealbh-tìre à Diagram C7.

Airson sgìre ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** dòighean sam faodar còmhstrithean cleachdadh-fearainn a lùghdachadh. **5**

[Tionndaidh an duilleag airson na h-ath cheiste

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharran

Feuch na ceistean UILE

Ceist 8

(a) Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

Maids na sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil ri na comharran-clèithe cearta.


Sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil:

- taigheadas ùr
- oir dhùthchail/bhailteil
- seann ghnìomhachas

Tagh bho chomharran-clèithe: **7786**, **8676**, **9380**, **9083**. **3**

Ceist 8 (a' leantainn)

Diagram C8 Sgeidse a' sealltainn far a bheil sgìrean A, B agus C air a' mhap



(b) Dèan sgrùdadh air Diagram C8 agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

Thoir seachad fianais mapa gus **mìneachadh** a thoirt seachad air carson a tha Sgire A (8879) na iomall agus Sgìre B (9079) na prìomh sgìre-gnothachais (PSG). **5**


(c) Dèan sgrùdadh air Diagram C8 agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais de sgìre Bridgend.

Lorgar ionad-gnìomhachais ann an Sgìre C (9378)

A' cleachdadh fianais mapa, **mìnich** na buannachdan a tha aig an t-suidheachadh seo airson ionad-gnìomhachais. **5**

[Tionndaidh an duilleag

Diagram C9 Pioramaidean-sluaigh airson na h-Eadailt agus Mosambìog 2022



Dèan sgrùdadh air Diagram C9.

Thoir seachad adhbharan airson nan eadar-dhealachaidhean anns na structuran àireimh-sluaigh eadar an Eadailt agus Mosambìog.

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air an dà chuid reatan-bhreithean **agus** reatan-bhàsan san fhreagairt agad. **6**

Ceist 10

Diagram C10 Ceàrnaidh de thaigheadas neo-fhoirmeil



Thoir sùil air Diagram C10.


Mìnich dòighean a tha gan cleachdadh gus piseach a thoirt air cor-beòshlaint ann an ceàrnaidhean taigheadais neo-fhoirmeil.

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air mòr-bhaile ainmichte san t-saoghal **fo leasachadh** a tha thu air a sgrùdadh. **5**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 11

Diagram C11 Leasachaidhean nuadha a tha a' toirt buaidh air tuathanachas ann an dùthchannan fo leasachadh



Mìnich na buannachdan **agus** eas-bhuannachdan a tha leasachaidhean nuadha ann an tuathanachas air thoirt do dhùthchannan **fo leasachadh.** **6**

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharran

Feuch DÀ cheist sam bith

Ceist 12 — Atharraichean gnàth-shìde *duilleag 16*

Ceist 13 — Raointean nàdarra *duilleag 18*

Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail *duilleag 20*


Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas *duilleag 22*

Ceist 16 — Turasachd *duilleag 24*

Ceist 17 — Slàinte *duilleag 26*

Ceist 12 — Atharraichean gnàth-shìde

Diagram C12A Eimiseanan CO_2 gach bliadhna aig an Rìoghachd Aonaichte 2000–2022



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C12A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharraichean ann an eimiseanan CO_2 gach bliadhna aig an Rìoghachd Aonaichte bho 2000 gu 2022. **4**

Ceist 12 (a' leantainn)

Diagram C12B Às-aithris bho Shuirbhidh Gheòlasach Bhreatainn

> *'Sa chumantas, tha atharrachadh gnàth-shìde na cruinne air tachairt glè shlaodach. Ach tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil a' ghnàth-shìde làithreach ag atharrachadh nas luaithe.'*

(b) Thoir sùil air Diagram C12B.


Mìnich na h-adhbharan airson atharrachadh gnàth-shìde.

Feumaidh an fhreagairt agad iomradh a thoirt air factaran fiosaigeach **agus** daonna. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 13 — Raointean nàdarra

Diagram C13A Call choilltean tropaigeach 2018–2023



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C13A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharraichean ann an call choilltean tropaigeach bho 2018 gu 2023. **4**

Ceist 13 (a' leantainn)

Diagram C13B Leasachaidhean san tundra




(b) Thoir sùil air Diagram C13B.

Mìnich na ro-innleachdan manaidsearachd a thathar a' cleachdadh gus a' bhuaidh bho ghnìomhachd dhaonna san tundra a lùghdachadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail

Diagram C14A An àireamh de huracanan 2011–2021



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharraichean san àireimh de huracanan bho 2011 gu 2021. **4**

Ceist 14 (a' leantainn)

Diagram C14B Spreadhadh Cumbre Vieja, Eileanan Canàrach 2021




(b) Thoir sùil air Diagram C14B.

Airson spreadhadh Cumbre Vieja no bholcàno sam bith eile a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** na ro-innleachdan a thathar a' cleachdadh airson ullachadh airson buaidhean an spreadhaidh agus airson an lùghdachadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas

Diagram C15A Buannachd no call teachd-a-steach bho mhalairt chruinneil airson sgìrean taghte



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharraichean ann an teachd-a-steach bho mhalairt chruinneil eadar 2019 agus 2021. **4**

Ceist 15 (a' leantainn)

Diagram C15B Bàta bathair ga luchdadh le cointèanaran



(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Mìnich a' bhuaidh aig pàtranan malairt chruinneil air daoine **agus** air an àrainneachd. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 16 — Turasachd

Diagram C16A Àireamh de luchd-turais eadar-nàiseanta a thàinig do dhùthchannan 2022




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

Thoir cunntas mionaideach air an àireimh de luchd-turais eadar-nàiseanta a thàinig do dhùthchannan ann an 2022. **4**

Ceist 16 (a' leantainn)

Diagram C16B Loidsichean-eag-thurasachd ann an Nirribhidh




(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

Thoir cunntas air dòighean sam faodar eag-thurasachd a mhanaidseadh ann an sgìre(an) a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 17 — Slàinte

Diagram C17A Cùisean mailèiria agus bàsan 2010–2022



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C17A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharraichean san àireimh de chùisean mailèiria **agus** de bhàsan bhuaipe bho 2010 gu 2022. **4**

Ceist 17 (a' leantainn)

Diagram C17B Às-aithris bho neach-saidheans meidigeach

> *'Tha na h-adhartasan a rinneadh ann am manaidseadh HIV/AIDS air a bhith a' briseadh chrìochan.'*

(b) Thoir sùil air Diagram C17B.

Mìnich na modhan a thathar a' cleachdadh gus HIV/AIDS a mhanaidseadh. **6**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air Còir-lethbhreac

Ceist 1	LFM Visuals/shutterstock.com
Ceist 2	Kev Gregory/shutterstock.com
Ceist 10	Donatas Dabravolskas/shutterstock.com
Ceist 13	Andrei Stepanov/shutterstock.com
Ceist 14	Marco Specht/shutterstock.com
Ceist 15	Avigator Fortuner/shutterstock.com
Ceist 16	Alena A/shutterstock.com